

APS.1.85.163

LEABHAR AITH-GHEARR

A'

CHEASNUICHIDH,

AIR ORDUCHADH LE,

IAR-MHINSTERS;

LEIS AN D'AONTUIGH

ARD-CHLEUR EAGLAIS NA H-ALBA

AIR A CHUR AN GAEILIC .

LE TOMAS ROS, LLD.

MINISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN LOCLEBHRAOIN.



EDINBURGH;
JOHN GRANT

1892



National Library of Scotland



B000476877

LEABHAR AITH-GHEARR

A'

CHEASNUICHIDH,

AIR ORDUCHADH I.E.

IAR-MHINSTER;

LEIS AN D' AONTUICH

ARD-CHLEUR EAGLAIS NA H-ALBA

AIR A CHUR AN GAELIC

LE TOMAS ROS, LL.D.

MINISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN LOCHBHRAOIN



EDINBURGH :

JOHN GRANT.

1892.

LEABHAR AITH-GHEARR NAN CEIST.

1. Ceist. *Ciod e's crioch àraid do'n duine?*

Freagradh. 'Se's crioch àraid do'n duine, Dia a ghlòrachadh, agus a mhealtuinn gu suthainn.

2. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinne g' ar seòladh chum 's gu feudamaid esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn?*

F. 'Se focal Dé, tha air a chur sios ann an scriobtuiribh an t-Seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh, an aon riaghailt g' ar seòladh chum 's gu feudamaid esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn.

3. C. *Ciod e tha na scriobtuire gu h-àraid a' teagasg?*

F. Tha na scriobtuire gu h-àraid a' teagasg gach ni is còir do'n duine chreidiinn mu thimchioll Dé, agus an dleasanais a tha Dia 'g iarruidh air an duine.

4. C. *Ciod e Dia?*

F. Tha Dia na Spiorad neo-chriochnach, bibhuan, agus neo-chaochluidheach, 'na bhith, 'na ghlioceas, 'na clumhaichd, 'na naomhachd, 'na cheartas, 'na mhaitheas, agus 'ns flìrinne.

5. C. *Am bheil tuille Déé ann ach aon?*

F. Cha'n'eil ann ach aon a mhàin, an Dia beò, fior.

6. C. *Cia lion pearsa tha san Diadhachd?*

RARY
B. O.
19 NOV 1984
SCOTLAND LIBRARY
NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

F. Tha tri pearsa san Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh; agus an triùir sin is aon Dia iad, ionann ann an nàdur, coineas ann an cumhachd agus ann an glòir.

7. C. *Ciod iad orduighean Dhé?*

F. 'S iad orduighean Dhé, a rùn sìorruidh a réir comhairle a thoile, leis an d'òrduich se roimh laimh, chum a ghlòire féin, gach ni a thig gu crích.

8. C. *Cia mar tha Dia cur 'orduighean an gniomh?*

F. Tha Dia cur 'orduighean an gniomh ann an oibribh a' chruthachaiddh agus an fhreasdail.

9. C. *Ciod e is obair cruthachaiddh ann?*

F. 'Se is obair cruthachaiddh ann, gu'n d'rinn Dia na h-uile ni de neo-ni, le focal a chumhachd, ann an sè làithibh, agus iad uile ro mhaith.

10. C. *Cia mar a chruthaich Dia an duine?*

F. Chruthaich Dia an duine, fear agus bean, a réir 'iomhaigh féin, ann an eòlas, fireantachd, agus naomhachd, le uachdranachd os ceann nan creatairean.

11. C. *Ciod iad oibre freasdail Dé?*

F. 'S iad oibre freasdail Dé, e bhi a' coimhead agus a' riaghlaigh uile chreatairean, le'n uile ghniomharaibh, gu ro-naomh, gu ro-ghlic, agus gu ro-chumhachdach.

12. C. *Ciod e an gniomh àraid freasdail a rinn Dia do thaobh an duine anns an staid anns an do chruthaich-eadh e?*

F. 'N uair a chruthaich Dia an duine, rinn e coicheangal beatha ris, ag iarrайдh umhlachd iomlan air mar chuinha; a' toirmeasg dha iheadh do mheas craoibh eòlais maith agus uilc, fo phéin a' bhàis.

13. C. *An d'fhan ar ceud sinnsir anns an staid anns an do chruthaicheadh iad?*

F. Air bhi d'ar ceud sinnsiribh air am fâgail gu saorsa an toile féin, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an aghaidh Dhé.

14. C. *Ciod e peacadh?*

F. 'S e peacadh briseadh lagha Dhé.

15. C. *Ciod e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsir o'n staid anns an do chruthaicheadh iad?*

F. 'S e 'm peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsir o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu'n d'ith iad am meas toirmisgt.

16. C. *'N do thuit an cinneadh daonna uile ann an ceud pheacadh Adhaimh?*

F. Air bhi do'n cho-cheangal air a dheanamh ri Adhaimh, cha b' ann a mhàin air a shon féin, ach air son a shliochd, uime sin, an cinneadh daonna uile a thàinig uaithse nuas, tro' ghinealachair gnàthaichte, pheacaich iad annsa, agus thuit iad maille ris anns a' cheud seachran.

17. C. *Ciod an staid gus an d' thug an leagadh an cinneadh daonna?*

F. Thug an leagadh an cinneadh daonna gu staid peacaidh agus truaighe.

18. C. *Ciod e peacadh na staid sin anns an do thuit an duine?*

F. 'S e peacadh na staid anns an do thuit an duine e bhi fo chionta ceud pheacaidh Adhaimh, fo easbhuidh na ceud fhìreantachd, agus fo thruaillidheachd a nàduir gu h-iomlan, d'an goirear gu coitcheain am peacadh gin, maille ris gach peacadh gnìomh tha 'sruthadh uaith sin.

19. C. *Ciod i truaigh na staid sin anns an do thuit an duine?*

F. Troimh an leagadh, chaill an cinneadh daonna gu léir an co-chomunn ri Dia, tha iad fo 'fleirg agus a mhal-

lachd ; agus mar sin fo uile thruaighibh na beatha so, fo na bhàs féin, agus fo phiantaibh ifrinn gu siorruidh.

20. C. *An d'fhàg Dia an cinneadh daonna uile gu bhi caillte ann an staid peacaidh agus truaighe ?*

F. Air tagliadh do Dhia, d'a ghean maith féin, roimh thoiseach an t-saoghail, cuid de na chinneadh dhaonna chum na beatha suthain, rinn e co-cheangal gràis, g'an saoradh o staid peacaidh agus truaighe, agus an tabhairt gu staid slàinte trid Fir-saoraidh.

21. C. *Co e 's Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé?*

F. 'Se 's aon Fhear-saoraidh do phobull taghta Dhé, an Tighearn Iosa Criod, neach air bhi dha 'na Mhac siorruidh do Dhia, rinneadh e 'na dhuine, agus mar sin bha agus mairidh se 'na Dhia agus 'na dhuine, ann an dà nàdur, eadar-dhealaichte, agus na aon phearsa am feasd.

22. C. *Cia mar rinneadh Criod Mhac Dhé 'na dhuine ?*

F. Rinneadh Criod, Mac Dhé, 'na dhuine, le corp fior agus anam reusonta a ghabhail da féin, air bhi dha, le cumhachd an Spioraid Naoimh, air a ghabhail am broinn Muire na h-Oighe, agus air a blreith leatha, gidheadh as eugmhais poacaidh.

23. C. *Ciod iad na h-oifigean a tha Criod a' cur an gniomh mar ar Fear-saoraidh ?*

F. Tha Criod mar ar Fear-saoraidh a' cur an gniomh oifigean Fàidh, Sagairt, agus Righ, araon ann an staid 'irioslachaidh agus 'àrduchaidh.

24. C. *Cia mar a tha Criod a' cur oifig Fàidh an gniomh ?*

F. Tha Criod a' cur oifig Fàidh an gniomh, ann a bhi a' foillseachadh dhuinn le 'fhocal agus le 'Spiorad, toil Dé a chum ar slàinte.

25. C. *Cia mar a tha Criosc a' cur oifig Sagairt an gniomh ?*

F. Tha Criosc a' cur oifig Sagairt an gniomh le e féin a thoirt suas aon uair mar iobairt, a dhioladh ceartais Dé, agus g'ar deanamh-ne réidh ri Dia, agus le gnàth eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son.

26. C. *Cia mar tha Criosc a' cur oifig Righ an gniomh ?*

F. Tha Criosc a' cur oifig Righ an gniomh le sinne a cheannsachadh dha féin, ar riaghlaadh agus ar dion'; agus le cosg' agus ceannsal a chur air na h-uilibh is naimh-dean dha-san agus dhuinne.

27. C. *Ciamar a bha Criosc áir 'irioslachadh ?*

F. Bha Criosc air irioslachadh le bhi air a bhreith, agus sin ann an staid ional, air a dheanamh fuidh 'n lagh, dol fuidh thiruaighibh na beatha so, fuidh fheirg Dhé, agus fuidh bhàs malluichte a' chroinn-cheusaидh, le bhi air adhlacadh, agus fantuinn fuidh chumhachd a' bhàis ré seal.

28. C. *Cia mar tha Criosc air 'ardachadh ?*

F. Tha Criosc air àrdachadh le 'aiseirigh o na marbh-aibh air an treas là, le 'dhol suas air nèamh, lo suidhe air deas làimhe Dhé an Athar, agus le teachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireichannach.

29. C. *Cia mar tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd-co-pairt d'an t-saorsa a choisinn Criosc ?*

F. Tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd co'-pairt do'n t-saorsa a choisinn Criosc, lois an t-saorsa sin a bhi air a cur ruinne gu h-éifeachdach le a Spiorad Naomh-san.

30. C. *Ciamar a tha an Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criosc ?*

F. Tha'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criod, le creidimh oibreachadh annainn, leis a' bheil e 'g ar dlù-cheangal ri Criod ann ar gairm éifeachdaich.

31. C. *Ciod i a' ghairm éifeachdach?*

F. 'S i a' ghairm éifeachdach obair Spioraid Dé, anns am bheil e dearbhadh oirne ar peacanna agus ar truaighe, a soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Criod, ag ath-nuadhachadh ar toile, agus, air lorg sin, 'g ar deanamh deònach agus comasach air Iosa Criod a dhìlù-ghabhail chugainn, mar a tha e air a thairgse dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.

32. C. *Ciod iad na sochaire tha iadsan a ta air ar gairm gu h éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so?*

F. Tha iadsan a ta air an gairm gu h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so fireanachadh, uchd-mhacachd, agus naomhachaidh, maille ris gach sochair eile tha co-chuideachadh no a' sruthadh uatha anns a' bheatha so.

33. C. *Ciod e fireanachadh?*

F. Is fireanachadh gniomh saor ghràis Dhé, leis am hbeil se a' maitheadh dhuinne ar n-uile pheacaidh, agus a' gabhail ruinn mar fhireanaibh 'na fhianuis féin, agus sin a mhàin air sgàth fireantachd Chriod, air a meas duinn, a's air a gabhail chugainn le creidimh a mhàin.

34. C. *Ciod i uchd-mhacachd?*

F. Is uchd-mhacachd guioinb saor ghràis Dhé, leis am bheil sinne air ar gabhail a stigh ann an àireamh cloinne Dhé, agus còir againn air na h-uilo sochair a bhuiteas doibh.

35. C. *Ciod e naomhachadh?*

F. Is naomhachadh obair saor ghràis Dhé, leis am hbeil sinn air ar n-ath-nuadhachadh sàm duine gu h-iom-

lan, a réir iomhaigh Dhé, agus air ar deanamh comasach ni's mò agus ni's mò, gu bàsachadh do pheacadh, agus a bhi beò do fhireantachd.

36. C. *Ciod iad na sochairean a ta sa' bheatha so a' co-chuideachadh, no a' srutha o fhireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachadh ?*

F. 'S iad na sochairean a ta sa' bheatha so a' co chuid-eachadh no sruthadh a nuas o fhireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachadh, dearbh-bheachd air gràdh Dhé, sith cogais, aoibhneas anns an Spiorad Naomh, fàs ann an gràs, agus buanachadh ann gu ruig a' chrioch.

37. C. *Ciod iad na sochairean a ta creidmhich a' faghail o Chriosd aig a' bhàis ?*

F. Aig a' bhàis tha anamanna nan creidmheach air an deanamh forfe ann an naomhachd, a's air ball a' dol a chum glòire, agus air bhi d'an corpaibh sior-cheangailte ri Chriosd, ni iad còmhnuidh 'nan uaighean gu ruig an ais-eirign.

38. C. *Ciod iád na sochairean a ta na creidmhich a' faghail o Chriosd anns an ais-eirigh ?*

F. Anns an ais-eirigh, air bhi do na creidmhich air aii togail suas ann an glòir, bithidh siad air an aideachadh gu follaiseach, agus air an làn shaoradh air là a' bhreith-eanais, agus air an deanamh uile bheannaichte ann an Dia a làn inhealtruinn gu siorruidh.

39. C. *Ciod e an dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine ?*

F. 'So an dleasdanas a tha Dia ag iarruidh air an duine, ùmhìlachd d'a thoil fhoillsichte.

40. C. *Ciod i an riaghaitt ùmhìlachd a thug Dia do'n duine air tùs ?*

F. 'S i an riaghaitù umhlachd a thug Dia do'n duine air tùs, lagh nam modhannan.

41. C. *C' àit am bheil lagh nam modhannan gu h-àithghearr air a chur sios ?*

F. Tha lagh nam modhanna gu h-àithghearr air a chur sios anns na deich aitheantaibh.

42. C. *Ciod is suim do na deich aitheantaibh ?*

F. 'S i is suim do na deich àitheantaibh, "An Tigh-earna ar Dia a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe, lo'r n-ul' anam, le'r n-uile neart, agus le'r n-ul' inntinn ; agus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinn féin."

43. C. *Ciod e roimh-ràdh nan deich aitheantan ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan air a chur sios anns na briathraibh so, "Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tigh na daorsa."

44. C. *Ciod a tha roimh-ràdh nan deich aitheantan a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich àitheantan a' teagasg dhuinn, do bhrigh 's gur e Dia is Tighearn ann, agus gur e ar Dia-ne e, agus ar Fear-saoraidh, uime sin gu bheil se mar fhiachaibh oirnne uil' àitheantan a choimhead.

45. C. *Ciod i a' cheud àithne ?*

F. 'Si a' cheud àithne, "Na biodh dée sam bith eile agad a'm' fhianuis-se."

46. C. *Ciod a tha a' cheud aithne ag iarruidh ?*

F. Tha a' cheud àithn' ag iarruidh oirnne Dia aithneach-adli agus aideachadh mar an t-aon Dia fior, agus ar Dia-ne ; agus aoradh a's glòir a thoirt dha do réir sin.

47. C. *Ciod a tha a' cheud aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha a' cheud àithne a' toirmearsg an Dia fior àich-eadh, 'na bhith, 'na aoradh, no na ghlòir, mar Dhia, agus mar ar Dia-ne; no 'n t-aoradh agus a' ghlòir a bhuineas dhasan a mhàin a thoirt do neach air bith eile.

48 C. *Ciod a tha na briathran so sa' cheud aithne, "N'am fhianuis," gu h-àraid a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha na briathra so sa' cheud àithne, "Na'm fhianuis," a' teagasg dhuinne, gn bheil Dia, d'an leur na h-uile nithe, a' toirt aire do'n pheacadh so, eadhon dia sam bith eile bhi againn, agus gu bheil e ro-dhiombach air a shon.

49. C. *Ciod i an dara àithne ?*

F. 'Si 'n dara àithne, "Na dean dhuit fèin dealbh snaighte, no coslas de ni sam bith a ta shuas air nèamh, no bhos air talamh, no anns na h-uisgeachaibh a tha fo'n talamh : Na crom thu fèin sios doibh agus na dean seirbhis doibh ; oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichcean air a' chloinn, gus an treas agus an ceathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi ; agus a' taisbeanadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan."

50. C. *Ciod a tha 'n dara àithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n dara àithne ag iarruidh oirnne gach gnè aoraidh agus orduigh Diadhaidh a dh' àithn Dia 'na fhocal, a ghabhail chugainn, 's a choimhead againn, 'sa ghleidheadh gu glan, ionlan.

51. C. *Ciod à tha 'n dara àithn' a' toirmearsg ?*

F. Tha'n dara àithn' a' toirmearsg aoradh a thoirt do Dhia le dealbhaibh, no air mhodh air bith eile nach 'eil orduichte 'na fhocal.

52. C. *Ciod iad na reusona a tha ceangailte ris an dara àithne ?*

F. 'S iad na reusona tha ceangailte ris an dara àithno, àrd-uachdranachd Dhé os ar cionn-ne, a shealbh-chòir annainn, agus 'eud airson 'aoraidh féin.

53. C. *Ciod i an treas aithne?*

F. 'Si an treas àithne, "Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé 'an diomhanas; oir cha inheas an Tighearna neo-chiontach a neach a bheir 'ainm an dìomhain."

54. C. *Ciod a tha an treas aithne ag iarruidh?*

F. Tha an treas àithne ag iarruidh gnathachadh naomh, urramach a dheanamh air ainmibh, buaidhibh, feartaibh, òrduighibh, briathraibh, agus oibríbh Dhé.

55. C. *Ciod a tha an treas aithne ag toirmeasg?*

F. Tha an treas àithne a' toirmeasg mi-naomhachadh, no mi-ghnàthachadh ni sam bith leis am bheil Dia 'ga fhoillseachadh féiu.

56. C. *Ciod an reuson a tha ceangailte ris an treas aithne?*

F. 'Se 'n reuson a tha ceangailte ris an treas àithne, ged fheud luchd-briseadh na h-àithne so dol as o dhiogh-altais a thaobh dhaoine, gidheadh nach fhuiling an Tighearna ar Dia dhoibh dol as o 'cheart bhreitheanas féin.

57. C. *Ciod i a' cheathramh aithne?*

F. 'Si a' cheathramh àithne, "Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu t'uil' obair: Ach 'se an seachdamh là Sàbaid an Tighearna do Dhé: anns an là sin cha dean thu obair sam bith; thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhan-òglach, no d'ainmhidh, no do choigreach, a ta an taobh a stigh do d' gheataibh: oir ann an sè laithibh rinn an Tighearna nèamh agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta annta; agus ghabh se fois air an

t-seachdamh là ; air an aobhar sin bheannaich an Tigh-earna là na Sàbaid, agus naomhaich se e."

58. C. Ciod a tha a' cheathramh aithne ag iarruidh ?

F. Tha a' cheathramh àithne ag iarruidh coimhead naomh a dheanamh do Dhia air na tràthlaibh suidhicht' a dh'òrduich se 'na fhocal ; ach gu h-àraid aon là ionlan as na seachd làithibh gu bhi 'na shàbaid naomh dha féin.

59. C. Ciod an la dheth na seachd a dh'orduich Dia gu bhi 'na shabaid ?

F. O thoiseach an t-saoghalil a nuas gu aiseiridh Chriosd, dh'òrduich Dia an seachdaingh là a bhi 'na shàbaid anns gach seachduin, agus a' cheud là do'n t-seachduin riamh o sin, gu ruig deireadh an t-saoghalil, a leantuinn agus a ghnàthachadh, is e sin Sàbaid nan Criosduidhean.

60. C. Cia mar is coir an t-Sàbaid a naomhachadh ?

F. Is còir an t-Sàbaid a naomhachadh le fois naomh a ghabhail ré fad an là sin, eadhon o na gnothaichibh saoghalta, o'n aighear agus o'n t-sùgradh a tha ceadaicht' air làithibh eile, agus an ùine uile a bhuiileachadh ann an oibribh cràbhaidh gu diomhair agus gu follaiseach, saor o mheud 's a tha feumail a chaitheadh ann an oibribh éigin agus tròcair,

61. C. Ciod a tha a' cheathramh aithne a' toirmeasg ?

F. Tha a' cheathramh àithne a' toirmeasg dleasdanais na sàbaid a dheirinad, no dheanamh le mi-chùram, an t-sàbaid a mhi-naomhachadh le diomhanas, no le ni sam bith a dheanamh a ta cronail ann féin, no le smuaintibh, briathraibh, no gniomharaibh neo-fsheumail, mu'r gnothuichibh, no ar sùgradh shaoghalt.

62. C. Ciod na reusain a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne ?

F. 'Siad na reusain a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinne sè làithean do'n t-seachduin air son ar gnothaichean féin, ag agradh còir àraig air an t-seachdamh là, an eisampleir a thug se féin, agus gu'n do bheannaich e là na sàbaid.

63. C. *Ciod i a' chuigeadh aithne ?*

F. 'S i a' chuigeadh àithne, "Thoir onair do d' athair agus do d' mhàthair; a chum gu'n sìnear do làithean air an fhearann a tha an Tighearna do Dhia a' toirt duit."

64. C. *Ciod a tha a' chuigeadh aithne ag iarruidh ?*

F. Tha a' chuigeadh àithne ag iarruidh an onoir a choimhead, agus an dleasdanais a choilionadh, a bhuineas do gach neach 'an lorg an inbhe 'san dàimh fa leth d'a chéile, ann an àirde, no'n isle, no'n coimeas inbhe.

65. C. *Ciod a tha a' chuigeadh aithne a' toirmseasg ?*

F. Tha a' chùigeadh àithne a' toirmseasg ni sam bith a dheanamh an aghaidh na h-onoir agus an dleasdanais a bhuineas do gach neach, an lorg an inbhe 'san dàimhie fa leth da chéile.

66. C. *Ciod an reusan a tha ceangailte ris a' chuigeadh aithne ?*

F. 'S e'n reusan a tha ceangailte ris a' chùigeadh aithne, gealladh air sonas agus saoghal fada, (a réir mar bhitheas sin chum glòire Dhé, agus am maith féin) do uile luchd-coimhid na h-àithne so.

67. C. *Ciod i'n t-seathadh aithne ?*

F. 'S i'n t-sèathadh àithne, "Na dean mortadh.

68. C. *Ciod a tha an t-seathadh aithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n t-sèathadh àithne ag iarruidh gach uile dhì-

69 C. *Ciod a tha an t-seathamh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n t-sèathamh àithne a' toirmeasg ar beatha féin no beatha ar coimhearsnaich a thoirt air falbh gu h-eucorach, no ni sam bith a chuidicheas gu sin a dheanamh.

70. C. *Ciod i an t-seachdamh àithne ?*

F. 'Si an t-seachdamh àithne, "Na dean adhaltraumas."

71. C. *Ciod à tha 'n t seachdamh aithn' ag iarruidh ?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne ag iarruidh ar greamnidheachd féin agus greamnnidheachd ar coimhearsnaich a choimhead, ann ar cridhe, ann ar cainnt, agus ann ar beusaibh.

72. C. *Ciod a tha 'n t-seachdamh aithn' a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg na h-uile smuain, focail, agus gniomh neo-gheamnuidh.

73. C. *Ciod i an t-ochdamh àithne ?*

F. 'Si an t-ochdamh àithne, "Na dean gaduidh-eachd."

74. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh aithne ag iarruidh ?*

F. Tha 'n t-ochdamh àithne ag iarruidh ar saoibhreas saoghaltein, agus saoibhreas saoghalta dhaoine eile chur ar aghaidh gu laghail.

75. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n t-ochdamh àithne a' toirmeasg gach ni a bhacas ar saoibhreas saoghaltein, no saoibhreas saoghalta ar coimhearsnaich gu h-eucorach.

76. C. *Ciod i an naodhamh aithne ?*

F. 'Si an naodhamh àithne, "Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich."

77. C. *Ciod a tha an naodhamh aithne ag iarruidh ?*

F. Tha'n naodhainh àithne ag iarruidh an fhirinn a choimhead eadar duin' agus duine, agus ar deadh ainm féin agus deadh ainm ar coimhearsnaich a sheasamh, agus a chur air aghaidh, gu h-àraid ann an thabhairt fianuis.

78. C. *Ciod a tha 'n naodhamh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n naodhamh àithne a' toirmeasg gach ni a tha leth-tromach air an fhirinn, no a ni eacoir air ar deagh ainm féin, no air dheagh ainm ar coimhearsnaich.

79. C. *Ciod i 'n deicheamh aithne ?*

F. 'Si 'n deicheamh àithne, "Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach no 'bhan-oglach, no dhamh, no 'asal, no aon ni is le do choimhearsnach."

80. C. *Ciod a tha 'n deicheamh aithne ag iarruidh ?*

F. Tha 'n deicheamh àithne ag iarruidh bhi làn-thoilechte le 'r crannchur féin, maille ri fonn spioraid, ceart agus seirceil do ar coimhearsnach, agus do gach ni a bhuineas da.

81. C. *Ciod a tha' n deicheamh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n deicheamh àithne a' toirmeasg na h-uile tallach air ar staid féin, farmaid agus doilgheis ri maith ar coimhearsnaich, agus na h-uile togradh agus miaun ana-cneast do ni sam bith a ta aige.

82. C. *Am bheil neach sam bith comasach air aith-eanta Dhé a choimhead gu fairfe ?*

F. Cha'n 'eil neach sam bith nach' eil ach 'na dhuin 'a

a mhàin, o thuiteam ar ceud sinnisir', comasach air àith-eanta Dhé a choimhead gu fairfe sa' bheatha so ; ach tha na h-uile 'g am briseadh gach là ann an smuain, focal, agus gnìomh.

83. C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamhrachd ?*

F. Tha cuid do pheacaibh annta féin, agus a thaoblh iomadh antromachaiddh, ni's uamhara am fianuis Dé na chéile.

84. C. *Ciod a tha gach aon pheacadh a' toilltinn ?*

F. Tha gach aon pheacadh a' toilltinn feirge agus mallachaiddh Dhé, araon anns a' bheatha so, agus anns a' bheatha a ta ri teachd.

85. C. *Ciod á tha Dia ag iarruidh uainne chum 's gu'n seachainn sinn fhearg agus a mhallachd a thoill sinn a thaobh ar peacaibh ?*

F. Chum 's gu'n seachainn sinne fearg agus mallachd Dhé a thoill sinn a thaobh peacaiddh, tha Dia ag iarruidh uainne creidimh ann an Iosa Criod, aithreachas chum beatha maille ri gnàthachadh dichiollach gach meadhoin o'n lethi muigh leis am bheil Criod a' compàirteachadh ruinne sochairean na sarosa.

86. C. *Ciod e creidimh ann an Iosa Criod ?*

F. Creidimh ann an Iosa Criod, is gràs slàinteil e, leis am bheil sinn 'ga ghabhail-sa, agus 'g ar socrachadh féin airson air son slàinte, mar a ta se air a thairgse dhuinn anns au t-soisgeul.

87. C. *Ciod e aithreachas chum beatha ?*

F. Aithreachas chum beatha, is gràs slàinteil e, leis am bheil am peacach (air mothachadh dha gu ceart a pheac-

aidh féin, agus tròcair Dhé ann an Criosd) le doilgheas agus fuath d' a pheacadh, a' tionndadh uaith gu Dia, le làn rùn, agus gnàth-thàirgse, nuadh ùmhachd a thabh-airt dha.

88. C. *Ciod iad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Criosd a' compairteachadh ruinн sochaircan na saorsa ?*

F. 'Siad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Criosd a' compairteachadh ruinne shocairean na saorsa, 'òrduighean féin, gu h-àraidh am focal, na sàcramainte, agus urnuigh ; a tha uile air an deanamh éifeachdach a chum slàinte do na daoinibh taghta.

89. C. *Cionnus a tha 'm focal air a dheanamh éifeachdach a chum slàinte ?*

F. Tha Spiorad Dhé a' deanamh leughaidh, ach gu h-àraid searmonachaидh an thocail, 'na mheadhon éifeachdach chum peacaich fhàgail ris agus iompadh, agus chum an togail suas ann an naomhachd, agus ann an co-flurtachd, trìd creidimh, chum slàinte.

90. C. *Cionnus is còir am focal a leughadh agus éisd-cachd, chum 's gu 'm bi e éifcachdach a chum slàinte ?*

F. Chum 's gu 'm bi am focal éifeachdach a chum slàinte, feumaidh sinne aire thoirt da le dùrachd, ullachadh agus ùrnuigh, a ghabhail chugainn le creidimh agus gràdh, a thasgaidh 'n ar cridheachaibh, agus a chur an gniomhli 'n ar caithe-beathla.

91. C. *Cionnus a tha na sacramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh éifeachdach chum slàinte ?*

F. Tha na sàcramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh éifeachdach chum slàinte, cha'n ann o bhrìgh sam bith annnta féin, no san ti a fhrithoileas iad, ach troimh

bheannachadh Chriosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid 'san dream a ghabhas iad le creidimh.

92. C. *Ciod e sin Sacramaint?*

F. Sacramaint is òrdugh naomh le Criosd i, anns am bheil Criosd agus sochairean a' chùmlaint nuaidh air an taisbeanadh, air an seulachadh, agus air an cur ris na creidin Dich, le comharaibh faiesinneach.

93. C. *Ciod iad sacramainte an Tiomnaidh Nuaidh?*

F. 'S iad säcramainte an Tiomnaidh Nuaidh, Baisteadh agus Suipeir an Tighearua.

94. C. *Ciod e sin baisteadh?*

F. Am baisteadh is säcramaint e, anns am bheil ionnlad le uisg', ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a' ciallachadh, agus a' seulachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an Criosd, agus 'n ar luchd-co'-pairt deth shochairibh cùmhainte nan gràs, a' daingneachadh fòs ar bòid gur leis an Tighearn sinn.

95. C. *Co d'an còir am baisteadh a fhrithealadh?*

F. Cha chòir am baisteadh a fhrithealadh do dhream sam bith a tha an taobh a muigh d' an eaglais fhaicsinnieh, gus an aidich iad an creidimh ann an Criosd, agus ùmlachd dha; ach is còir naoidheana na muinntir a tha 'nam buill d' an eaglais fhaicsinnich a bhaisteadh.

96. C. *Ciod e sin Suipeir an Tighearna?*

F. Suipeir an Tighearna is sacramaint i, anns am bheil bàs Chriosd air fhoillseachadh, le aran agus fion a thabhairt agus a ghabhail a réir 'ordugh féin; agus iadsan a ghabhas so gu h-iomchuidh, tha siad (cha 'n ann air mhodh chorpora, ach trìd creidimh) air au deanamh 'nan luchd-co'-pairt d'a chorp agus d'a fhuilsain, le 'uile shoch-

airibh, chum am beathachadh spioradail, agus am fàs ann an gràs.

97. C. *Ciod a tha feumail a chum Suipeir an Tighearn a ghabhail gu h-iomchuidh?*

F. Is feumail dhoibhsan leis am b' àill Suipeir an Tighearna a ghabhail gu h-iomchuidh, iad féin a cheasnachadh air an èdlais, chum corp an Tighearna aithneachadh; air an creidimh, chum beathachadh airson; air an aithreachais, an gràdh, agus an nuadh-ùmhachd; air eagal, air teachd dhoibh gu neo-iomchuidh, gu'u ith agus gu'n òl iad breitheanas dhoibh féin.

98. C *Ciod e sin urnuigh?*

F. 'Se ùrnuigh bhi cur snas ar n-athchuinge ri Dia, ag iarruidh nithe do réir a thoile, ann an ainm Chriosd, le aideachadh ar peacanna, agus a' toirt buidheachais dha airson a thiodhlacaibh.

99. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g' ar seoladh ann an urnuigh a dheanamh?*

F. Tha focal Dé uile feumail gu'r seòladh ann an urnuigh a dheanamh; ach 's i 'n riaghail àraig seòlaidh, an urnuigh sin a theagaisg Chriosd d'a dheisciobluibh, d'an goirear gu coitchionn "Uruigh an Tighearna."

100. C. *Ciod a tha roimh-ràdh Urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn?*

F. Tha roimh-ràdh Urnuigh an Tighearna (eadhon, "Ar n-Athair a ta air nèamhl,") a' teagasg dhuinn teachid am fagus do Dha leis gach uile urram naomh agus muinghinn, mar chloinn chum an Athar, a ta comasach agus deònach air cuideachadh leinn; agus gur còir dhuinn urnuigh a dheanamh maille ri daoinibh eile, agus air an son.

101. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheud iarrtus?*

F. 'S a' cheud iarrtus (eadhon, "Gu naomhaichear d' ainm,") tha sinn a' guidheadh, Gu ma toil le Dia sinne agus muinntir eile a dhéanamh comasach air e féin a ghilòrachadh anns gach aon ni leis am bheil e 'ga fhoillseachadh féin ; agus gu'n òrduicheadh se gach aon ni chum a ghildire féin.

102. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an dara iarrtus?*

F. San dara iarrtus (eadhon, "Thigeadh do rioghachd,") tha sinn a' guidheadh, gu'n biodh rioghachd Shatain air a sgrios, agus rioghachd nan gràs air a meudachadh, gu'm bi sinn féin agus muinntir eile air ar toirt d'a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innt ; agus gu'm biodh rioghachd na glòire air a luathachadh.

103. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an treas iarrtus?*

F. San treas iarrtus (eadhon, "Deanar do thoil air thalamh mar a nìtheair air nèamh,") tha sinn a' guidheadh, gu'n deanadh Dia sinn comasach agus déònach le 'ghràs, chum eòlas a ghiabhail air a thoil, agus a bhi umhal, agus striochidadh dhi anns gach aon ni, amliluidh mar a ta na h-aingil air nèamh.

104. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheathramh iarrtus?*

F. Sa' cheathramh iarrtus (eadhon, "Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail,") tha sinn a' guidheadh, Gu faigheamaid, deth shaor thoirbheartas Dé, cuibhrionn chuimseach deth nithe maithe na beatha so, agus gu mealamaid a bheannachadh leo.

105. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' chuigeadh iarrtus?*

F. Sa' chùigeadh iarrtus (eadhon, "Agus maith dhuinn ar fiachan, mar a mhaitheamaid d' ar luchd-fiach,") tha sinn a' guidheadh, Gu maitheadh Dia dhuinn gu saer ar n-uile pheacaidh; agus is mó ar misneach so iarruidh. gu bheil sinn air ar neartachadh le a ghràis, gu maith-eanas a thoirt do dhaoinibh eilo o ar cridhe.

106. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an t-seathadh iarrtus?*

F. San t-seathadh iarrtus (eadhon, "Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o ole,") tha sinn a' guidheadh, gu'n gleidheadh Dia sinn o bhi air ar buaireadh chum peacaidh, no gu'n cumadh o suas agus gu'n saoradh se sinn an uair a bhuairear sinn.

107. C. *Ciod a tha co-dhunadh Urnuigh an Tighearn a' teagasg dhuinn?*

F. Tha co-dhùnadh Urnuigh an Tighearna (eadhon, "Oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir gu siorruidh, Amen,") a teagasg dhuinn ar misneach ann an urnuigh a ghabhail o Dhia a mhàin, agus ann ar n-urnuigh esan a mholadh, le rioghachd, cumhachd, agus glòir a thoirt da. Agus mar dhearbhadh air ar miann, agus ar dòchas ri éisdeachd fhaghainn, deireanaid. *Amen.*

NA DEICH AITHEANTAN.

ECSODUS XX.

LABHAIR Dia na briathran so uile, ag ràdh, Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tigh na daorsa.

I. Na biodh dée sam bith eile agad a'm' làthair-sa.

II. Na dean dhuit féin dealbh snaighte, no coslas de ni sam bith a ta shuas air nèamh, no bhos air talamh, no anns na h-uisgeachaibh a tha fo'n talamh: Na crom thu féin sios doibh agus na dean seirbhis doibh ; oir mis'an Tighearna do Dhia. is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, gus an treas agus an ceathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi ; agus a' taisbeanadh tròcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdhhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé 'an diomhanas ; oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach a neach a bheir 'ainm an dìomhain.

IV. Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu t'uil' obair: Ach 's e an seachdamh là Sàbaid an Tighearna do Dhé: anns an là sin cha dean thu obair sam bith ; thu féin, no do mhac, no do nighean, d' òglach no do bhan-òglach, no d' ainmhidh, no do choigreach, ata an taobh a stiòh do d' gheataibh : oir ann an sè làithibh rinn an Tighearna nèamhlí agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta annta ; agus ghabh se fois air an t-seachdamh là ; air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na Sàbaid agus naomhaichì se o.

V. Thoir onair do d' athair agus do d' mhàthair; a chum gu'n sìnear do làithean air an fhearrann a tha an Tighearna do Dhia a' toirt duit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltranas.

VIII. Na dean gaduidheachd.

IX. Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhoarsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanòg-lach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's lo do choimhearsnach.

NA DEICH AITHEANTAN ANN AN DAN.

1. Na géil do neach sam bith ach mi.
2. Do dh'iomhaidh-bhréig' a chaoidh na striochd.
3. Ainm naomh do Dhé na luaidh gu faoin.
4. Cùimhnich a Shàbaid choimhead naomh.
5. Do d' phàrantan thoir onair mhòr.
6. Is neaclí air bith na mort 's na leòn.
7. Bho neo-ghloin' cum thu féin gun lochd.
8. 'S na goid ged bhiodh do staid ro bhochd.
9. A's fianuis bhréig na toir air neach.
10. 'S na sanntaich cuid do choimhairsnaich.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

MATA vi.

Ar n-Athair a ta air nèamh. Gu naemhaichear d'Ainnm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air thalamh mar a nithear air nèamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran làthail. Agus maith dhuinn ar fiacha, amhlui mar a mhaitheas sinne d'ar luchd-fiach. Agus na leig am buaireadh sinn ; ach saor sinn o ole : Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòdir, gu siorruidh. Amen.

A' CHREUD.

Creideam ann an Dia an t-Athair **Uile-chumhachdach**, Cruithfhear nèimh agus na talmhainn ; agus ann an Iosa Criosc, aon Mhac-san, ar Tighearna, neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a a dh'fhuitling fo Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh'adhlaiceadh, a chaidh sios do staid nam marbh, a dh'éirich a rìs o na marbhaibh air an treas là, a chaidh suas air nèamh, agus a ta 'na shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdaich, agus as a sin a thig a thoirt breith air na bèòthaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad Naomh, anns an Eaglais naoimh choitcheann, ann an co-choinunn nan uaomh, ann am maitheanas peacaidh, ann an aiseirigh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhaireannach. Amen.

C R I O C H .

X

